

6.2.

H.M. 29.

Sept 7. 93.

Sept 7. 93. mentions
pt 2 only. Rare







2. 0. 0

CO'-LABHAIRTEAN

AIR NA

SDEAN A THA 'SAN AM SO AIR AN GLUASAD

ANNS AN

EAGLAIS NA H-ALBA'.

CO'-LABHAIRT

I.

AIR SGARADH BHO'N EAGLAIS DHUTHCHAIL.

LEIS AN

URRAMACH ALASDAIR CLARC,

MINISTEAR 'AN INBHIRNIS.

EADAR-THEANGAICHTE 'CHUM GAELIC,

LE ROB DOMHNULLACH,

MAIGSTEAR SGOIL 'AN INBHIRNIS.

Gun chlaòn-bhreith, gun leth-bhreith, gun talach, gun tnù,
Lègh, rannsaich, 'us breithnich, co sam bith co thù,
Na tha 'n so air 'labhairt, mu Eaglais do Dhùth'ch.
'Si 'n fhìrlinn a sheasas, mu dheircadh 's gach cùis.

R. D.

INBHIRNIS:

RIN REIC LEIS AN EADAR-THEANG-EAR,

AIG 43, STRAID MHIRTON,

S. SMITH, C. DOUGLAS, AGUS D. MORISON,

LUCHD REIC LEABHRAICHEAN.

1843.

PRIS TRI SGILLINN


CO-LABHAIRTEAN

DO
SHEANAIREAN AGUS CHO'-THIONAIL IAR EAGLAIS
INBHIRNIS,

THA NA
CO'-LABHAIRTEAN SO,
A THA AIR AN RUNACHADH GU ARDACHADH
AOBHAIR SITH; GRAIDH, AGUS AONACHD CHRISDAIL,

AIR AN SGRIOBHADH
LE AN CAIRID AGUS AM MINISTEAR DILEAS ANNS AN TIGHEARN,
ALASDAIR CLARC.

INBHIRNIS, Mairt 15, 1843



CO-LABHAIRT I.

AIR SGARADH BHO'N EAGLAIS DHUTH'CHAIL.

AM MINISTEAR, FEAR-TEICHIDH, MÓDERTACH.

AGUS LUCHD-SGIREACHD EILE.

FEAR-TEICHIDH—Bha sinn a' co-labhairt n-ar measg féin, thairis air na ceisdean a tha san am so air an rannsachadh cho dian, nu staid agus dlèasanas Eaglais, ar n-aithrichean; agus ghabh sinn cothrom dhuinn féin dheth ur deoin-sa gu cuir an ceill eolas air na puincean so do 'ur luchd-sgire; cho fada ri iarraidh fàbhar 'ur barail' air na cuisean so air am bheil sinn deiseil air breith thuigseach a chumadh. An fheadh, sa ta mi 'g aontachadh leis an iomlan de na ruintean leis an d'aontaich an co-chruinneachadh Mhinistearan a bha bho chian ghoirid air a chunail ann an Dùn-éidin, tha e toirt mer thaitneas dhomh a bhi a' toirt fairear, ann 'ur teagasg follaiseach-sa air 'ur sluaigh, nach do thionnd sibh an aire bho na nithe mora 'bhuineas do an tearradh, a clium an suidheachadh air cuisean, an deigh na h-uile, a dh'fheumar aideachadh a bhi moran ri's neo-chuideamaich. Tha mi a' faireachduinn, eadhon fad na seachdum, na h-argumaidean sna h-ìomaguinean a tha neo-sgarichte bho chomharsachadh mu riaghladh an feth muigh de'n Eaglais, cumhachdach gu feid gu taruing air falbh mo smuaintean, bho fhuor nithe neo-thaicinneach ach a tha bithbhuàn. Agus tha so 'g am d'heanaili taingeil nuair a dh'ath-ghairmeas pilltinn na sabaid n'aire gu cuspair-ean a's airde, a's pearsona, agus a's maireanaiche.

MINISTEAR—Tha mi glé shubhach 'ur faireinn uile an so; oir b'e an nì bu mhò a' chuir mi, anns a' chonnsaid so, an dòigh mhealltach anns an d'fheuch cuid de mhuinntir ri eas-aonachd a' chuir—'s ann an cuid de chùisean ro bhùadhach—eadar minis-

teirean 'san luchd-éisdeachd; agus so uile, an fheadh 's nach d'fheuch iad a riamh ri àicheadh, nach robh iadsan, a dh'fheuch iad a mhilleadh n'am feumalachd, gun aon uair fheòrachd an reuson airson an gnìomhaireachaidh fhollaiseach, na'm fìor mhinistirean an t-shoisgeil, a' cuir saoghal cadalach h-uige gu gabhail ri teachdaireachd trècair nèimhidh, a dh'imreas toraidhean sonais no truaighe a thoirt a mach a dh'òrduicheadh gu bhì gu bith-bhuan air an cuimhneachadh, 'nuair a bhios na strìean mu bhriathran, a chuir troimh-cheile anns an Eaglais air thala mh, uile air an di-chuimhneachadh. Lan rannsach mi an sgaradh bhò'n Eaglais shuidhicht' a tha'n tràs air a thairgse, agus, gun bhreith sam bith a chuir an céill air rùintean no deanadais mhuinntir eile a dh'fhaodas smuaineachadh no gnìomhachadh air chaochladh dhoigh, tha mi gu domhain a' faireachduinn, nach b' urrainn domh ceangal, ann a leithid de chùis, gun pheacadh aithnicht' an aghaidh soluis mo choguis. Dheanadh gach aon gu maith, ann a leithid so de chùis, a bhì gu lan dhearbhte 'na inntinn féin, agus sin an deigh rannsachadh 'us meòrachadh iomchuidh; oir, ann an dol-air-adhart a tha cho cuideamach a' cuairteachadh maith a 's fearr 'ar dùthcha, cha 'n urrar leisgeil duine air bith a ghabhail airson leanmhuinn pàirtidh sam bith de a chompanaich thar dearbhachd a choguis féin. Tha mi 'saoilsinn gu'n do chuala sibh air a radh gu'n do chaochail mise mo bheachdan, agus sin bhò eagal call' saoghalt'.

FEAR-TEICHIDH—Imridh mi 'radh gu'n do chuala mi sin air a luaidh. Ach cha do choinnich mi ri aon 'san àite so a thug an creideas a's lugha dh'a. Chuir sibh an céill 'ur di-moladh air doighean dol-air-aghaidh a mhòr-chuid de Ard Sheanadh na h-Eaglais', an uair, nach do smuainich an luchd-taic air gu'n tachaireadh an leithide de thoraidhean 'sa thachair bhò'n uair sin. Thuirt cuid gu'n robh sibh gu h-àna-ceart air 'ur càramh, le buill neo-chialach de na phàirtidh ris an robh aon uair cò'chomuinn agaibh, agus gu'n d' aobharaich so sibh gu tarruing air ais bhò'n cuideachd. Agus, imridh mi aideachadh, gu'n robh giùlan cuid dhiubh do 'ur taobh, glé oibheumach do chuid de na h-uile phàirtidhean 'san àite so.

MINISTEAR—Gu fheuchainn nach'eil mo bheachdan-sa air an cumadh le smuaintean shanntach no fhéineil, faodaidh e 'bhi gu leòir shoilleir do na h-uile do'n aithne mi 'san àite so. Bha mi air m'òrduchadh 'chum oifig na ministreileachd anns an sgìre so bhò chian fìchead bliadhna, gun aon iarraidh air a son air mo thaobh féin. Dhiùlt mi ni bu mhò na aon tairgse gu m' athar-rachadh gu àitean anns am faighinn mòran nì's mò de dhuais na mheal mi. Spar mo dhearbh chàirdean a b'fhearr òrm, gu'n robh mo mhòr shaothar gach là 's gach seachduin, le cuid 'us cuid a'cladhach fo mo neart. 'Nuair a thainig an COLERA agus tinneas gabhaltach eile chum a bhaile so, cha do stad mi a riamh bhò mo shlàint 's mo bheath féin a chuir 'an cunnart ann am frithealadh do'n fheodhain bu bhochda, cho maith a's do'n fheodhain bu shaibhire, de mo luchd-eisdeachd. Agus, fhad 'sa

mhaircas mo neart, 'se mo làn rùin nach bi mi gu brà'ch 'an éis
 anns na shaoileas mi cuideachail chum feum an t-shluaigh thairis
 air am bheil mi suidhichte, agus a tha mi gu treibhdhireach
 a'gràdhachadh, ciod sam bith an cunnart a dh'fhaodas 'bhi ann
 domh féin. 'Nuair a bha 'n Iar Eaglais air a togail—chum an
 leasachadh luachmhor so de ghoireas Eaglaise na Sgìre so a
 dheanamh cinnteach—cha do stad mi bho ghabhail orm, air mo
 chunnart phearsonta féin, a dhol an urras paigheadh aig a chuid
 a's lugha trì mìle puind Shasuinneach, a thuilleadh air a ghabhail
 orm saothar cuir an òrduigh co' thionail nuadh 'an sin—leasachadh
 a tha glé chuideamach, mar a cheadaicheas na h-uile, ri mo roimh
 dhleasanais agus chùraimean. Thug so orm mo chosdais phear-
 sonta a lughdachadh, ann an tomhas nach beag, mar an aon rathad
 anns am b'urrar coinneachadh ris an eallach airgid fo 'n deach
 mi gu toileach mar so, gun lughdachadh a dheanamh air mo
 chuideachaidhean air oircheasachdan fhollaiseach a bhaile so,
 agus air na cùisean lionmhor de dh' eiginnean uaingneach a
 thugadh a ghnà fo m' aire ann an ceuman fa-leth de dhleasanais na
 ministreileachd. Agus ged 'tha a cheud fheich a nis air a
 lughdachadh gu leth an t-suim sin, leis na tiodhlaicean fialaidh a
 fhuaircas bhò chaochladh mhuintir a ghabh taitneas ann am
 feabhas dhiadhaidh àrd-bhaile na Ghaidhealtachd, gidheadh bha
 dlù' air trì cheathramhean de mo stipean am bliadhna air an
 cuir a mach air a chuspair so, a réir mo dheòin-cheangal féin.
 An t-suim mhòr a tha orm fathast, tha mi a' creidsinn gu'm bi e
 air a phaigheadh; ach airson so cha'nèil urras agam thar m'earbsa
 ann am maitheas an aobhair, agus fialaidheachd mhairsinneach
 mo luchd-dùthcha. Tha so uile mu'n Iar Eaglais aithnichte' do
 theire, agus cha bhìodh iad so, no na cùisean eile a chuir mi 'n
 tràs' an céill, air an luaidh leam, aig an àm so, mur b'e airson a
 bhuanachas leis an d'fheuch cuid, nach d'rainig gu aobhairean ni's
 àirde iad-féin, gu toirt a chreidsinn air mo luchd-eisdeachd, gur e
 déigh air duais a dh'aobharaich an suidheachadh, a dh'fhairich mi
 na dhleasanais dhomh a ghabhail anns na connspoidean a tha 'n
 tràs' ann. A thaobh na bha air a luaidh mu chàramh ana-ceart
 bho na phàirtidh ris an robh mi a roimh co'-cheangail' faodaidh
 mi gun eagal a chuir an céill ann an éisdeachd nan uile a bheachd-
 aich air mo bheath fhollaiseach, nach robh mi a riamh na mo
 bhall de phàirtidh air leth. Rinn mi mo dhìchioll gu gnìomhach-
 adh bho dhearbhadh m'inntinn féin, agus chuir mi gu saor an
 aghaidh gach pàirtidh 'san Eaglais, 'n uair a chreid mi gu'n robh
 iad ann am mearachd. Cha'n èil amharus nach d'oidhirpich cuid,
 bho 'n robh agam reuson gu bhì 'n dùil ri 'chaochladh chàramh,
 ri m' fheumalachd agus mo sheasamh 'an so a mhilleadh, ged 'sann
 gun mhòr bhuaidh, agus sin a mhàin a chionn nach aontaichinn
 gu géilleadh mo bheachd shuidhichte féin do dheachdadh luchd-
 aimhreit. Mu na so cha'n èil mi deigheil air labhairt, a thaobh
 gu'm bheil iad-san agus mise air n-ar slighe gu coinneachadh aig
 caithir-bhreitheanais neo-leth-bhreitheach, far am feum cunntadh
 'bhi air a thoirt, cha 'n e' mhàin mu n-ar feumalachd féin, ach

ma'n tombas anns an do chuidich, no na bhac sinn feumalachd fheodhain eile. Tha mi saor-gu cheadachadh, an fheadh 's nach fiosrach mi air mór dholaidh sam bith a bhí air a dheanamh dhomh le'n leithide sin de mhuintir, gu'm bheil mi a' faireachd-uinn so 'gam chrathadh fathast ni's fuasgailte bhó ribean páirtidh—ni a dh'iarr mi gu d'urachdach bhó thoiseach mo mhinstreil-eachul, nach bitheadh air feasd air mo choangal leo. An duine a tha 'deannmh, n'air intinn gu dhol tróimh thiugh 'us thana le páirtidh sam bith, ipuidh e 'bhi gun choguis sam bith, air neo a bhí 'g a toirt seachad fillte do ghléidheadh mhuintir eile. C'ait an robh a riamh Eaglais, mórán ni's lugha páirtidh, air an talamh so, nach deas ré, nín fhada sam bith a riamh an mearachd, agus nach do ghníomhaich, no nach d'thug breith na aghaidh-san, gur i a thoil an t-aon riaghailt ionraicis?

MODERATACH—Ach nach do chaochail sibh 'ur beachdan bhó chian ghoirid, ann an iomadh chúisean cuideamach? Tha mi 'n dóchas gu'm bheil e mar sin; oir, leis an uile spéis a dh'altrum mi fada air 'ur son, tha mi gu coguiseach a' di-moladh iomadh de na beachdan, 'mu riaghladh na h-Eaglaise, a tha air an cumail leo-san maille ris an t-Abbaist 'ur n-aonm-sa bhí; agus thug a churs ain-tighearnail a lean iad bhó-chian ghoirid do thaobh nam muintir 'ud a tha 'gu coguiseach a' diubhachadh uatha, ortn gráin a ghabhail de'n páirtidh ni's mó ná bh'agam a riamh.

MINISTEIR—Chan eil agam doigh air cuir an aghaidh cásaid na neo-sheas mhachd, a dh'oidhirpén cuid a cheangal orm, bhó carrainnean, dealaicht de na sgríbh no labhair mi bhó chian iomadh bliadhna—air sin a dh'fhodar ainmeachadh innleachdan riaghlaidh Eaglaise. Ann an cúisean nach eil tur fheumail gu teimadh, faodaidh solus meudaichte, no lan fhaireachduinn, gu ceart caochladh beachd a thoirt a mach anns a Chríoduidh a's soillsichte agus a's coguisiche a th'ann. Airson duine do thagair nach eil e buailteach do chaochladh, is e gu tagair còir air aon de na foirfeachdan a bhuneas do Dhia a mháin aig am bheil eòlas neo-chríochnach a tha neo-chomasach air meudachadh sam bith. Agus ma tha ain puine sam bith air am bu chóir do dhaoine smuainteachail am beachdan a chumail le mór aire agus irisleachd, se gu cinnteach a a leithid sa bhuneas do na cionbarradh a tha a' roinn uachdranach lagh Eaglaiseif bhó uachdranachd lagh shíobhalta, agus na doighéan an leth-muigh airson toirt a steach do oing na ministréileachd—air dhoibh so a bhí nam puincean mu'n robh diubhras mhór beachd, ann an iomadh nithe, aig daoine foghlumte agus diadhaidh, aig an robh solus dombain air na Scriobtuirean Naomh. Sarrainn duibh faois a ghiulan domh, nach d'agair mi a riamh bhó mó luchd-eisdeachd iad do ghabhail ri aon sam bith de mo bharailean-sa air na puincean so no puincean sam bith eile, ach an leithide 's aig an robh còir, le'n argumaidean, air a bhí air an gabhail le muintnean neo-chéalgach. Sinuainich mi e ceart an uiread so a rádh mu na chásaid atharrachaidh barail air puincean bheachd-smuainteachail, agus bu thríe a rinn eagal roimh chathachadh ri'n leithide sin, muintir lag inntinneach a threorachadh

gu mairsinn anns a chùrs 'san deach iad aon uair a steach, eadhon an dèigh do thoraidhean cunnartach a leithid sin de mhairsinn a bhì neo-cheilte bho am beachd. Ach air mò shòn fèin deth, cha d' thainig caochladh 'sam bith air na barailean a' clium mi 'bho chian iomadh bliadhna, thu aomadh chranail suidheachaidhean ain-neartach—mu na h-uile a tha neo-sgarichte bho chumhachd neo-dhligheach ann an Cùrtean Eaglaise—agus mu thoradh millteach an doigh riaghlaidh a lean a phàirtidh MHOBERATACH, no mheadhònach, fhad 'sà bha iad an uachdar. Ach an fheadh 'sa ta mi a' di moladh an doigh riaghlaidh a lean iad; bha mi fada beò ann an companas ri iomadh bhuill de na phàirtidh MHOBERATACH, agus bu mhòr mo spèis dhoibh airson an cliù 'san talant. Tha na beachdan nù ughdaras Eaglais a chum a phàirtidh MHOBERATACH bho chian ceud bliadhna, agus ann am mòr thomhas a dh'aobharach an sgaradh farsuing a tha 'nis ann bhon Eaglais dhuth-chiail, a' giùlan dearbh chòslais de na tha an tràs' air a chumail leò-san a tha 'gan ainneachadh fèin a phàirtidh shoise-geulach, agus a tha a' bagradh toraidhean a cheart cho càldach do aobhar aonachd nam measg-san a-tha còirdte a thaobh uile fhìor phuincean RIAGHLAIDH PHRESEBTERIANAICH. Bha daoine ann an Uachdranachd, anns na h-uile linn, gle dhèigheil gu fheuchainn an dimeas cheudna airson còir fheoghain eile, ni mu'n do ghearán iad gu ceart 'n uair a bha an uachdranachd suidhichte ann an lánhan mhuinntir eile. An fheadh 'sa ta mi a cheart cho dearbhte 'sa bha mi a rianh, gu'n bheil suidheachadh ministerean, ann an dùlan do phobull diadhaidh, a tha gu coguiseach a' cuir 'nan aghaidh, na ole gle throm, cha chuir mi am feasd leis an oidheirp; gu eadhon so fèin a bhacadh, le togail uachdranachd ain-tighearnail do-fhreagarrach ann an Cùrtean Eaglaise, ni a thà faireachduinn linnèin a' feuchainn a bhì, anns a chrioch, air dearbhadh tur sgriosail do shaorsainn shìobhalt' agus dhiadhaidh. Cha mhò a 's urrainn domh aontachadh gu cuir bith na h-Eaglais' Shuidhichte 'an cunnart a chum cumail an àird aon air bith de phuincean ath-leasaichidh eaglaiseil, air am bheil agam fathast meas cho àrd 'sa bh'agam a cheud uair a sheòl mi aire an t-shluaigh anns an earrainn so a chum na'n leasaichidhean so ann ar seòl raighlaidh Eaglaise. 'Nuair a thainig mi steach do Eaglais na h-Alba', mar aon de mhinistirean an àite so, chreid mi gu fìor, le a h-uile neo-iomlanachd, gu'm b'i an Eaglais a b'fhearr 'san t-saoghal, agus sin a thug an raon bu ghealltanaich airson feumalachd mhinistireach. Smuainich mi gu'n robh na riaghailtean ath-leasaichidh airson an robhair a' tagair, freagarrach gu leasachadh a suidheachaidh; ach a dh'easbhuidh gach aon 's na h-uile dhiubh so, smuainich mi gu'n robh i cho toilltinneach air mòr mheas na'n Albainnich, ris an t-suidheachadh a b'urramaiche a bha aig an seann rìgheachd.

FEAR-TEICHIDH—Ach gu cinnteach imridh breithean na'n Cùrtein shìobhalt bho chian ghoirid, air an cuideachadh, mar a nis a ta iad, le ughdarras na Parlamaid, fheuchain dhuibh gu'n bheil i na nì glè mhi-choslach ris na bha i an uair a thainig sibhso

a steach imte. 'Se so an reuson airson an do chuir áireamh cho mór de mhinisteirean comasach agus dìleas an cèill an rùin gu a fágail mar Eaglais a tha air tuiteam agus suarach. Cha'n urra' dhomh còrdadh riu-san a tha 'cuir an cèill gu'm bheil uile thálant agus dhiadhachd na h-Eaglais' Albainnich 'n am measg-san a rinn 'n áird an intinnean gu a fágail; agus cha 'n urra' dhomh leasachadh, cuid a dh'uairean, smuaintean cagalach a bhi agam, gu'm faod a chainnt fhaoin-ghloireach a chleachd cuid dhiubh;—mar gu'm biodh uile dhiadhachd na h-Albainn 'n-am meadhon-san— a bhi na aon aobhar airson an do mheall Dia cho soilleir an dùilean, agus sin ann an doigh a dh'fhaodas a mháin a bhi na riomh-bhlas do mheallaidhean nì's cráitiche. Tha ann ministeirean a ta a cheart cho diadhaidh, foghlumte, agus ionmhuinn, a rúinich seasamh air taobh Eaglais' an aithrichean, 's a tha ri 'm faotainn 'n am measg-san a rúinich a fágail. Ach, tha mi 'g aideachadh, nach h-urrainn domh a thuigsinn cionnus a 's urra' dhoibh an intinnean a dheanamh 'n áird gu mairsinn ann an Eaglais a tha cho ìosal.

MINISTEAR—Nam b' urra' e bhi air fheuchainn gu'n robh uile ìsleachadh na h-Eaglaise, mar a tha daoine 'ga ghairm, air aobhrachadh le am mi-riaghladh-san leis an robh a cùisean air an seòladh, dh'fhaodadh so a bhi na reuson láidir airson diùltadh gèilleadh do an uachdranachd mhaireanach, ach cha'n urrainn e 'bhi na reuson airson trèigeadh na h-Eaglais', a dh'fhaodas fo riaghladh glic, mairsinn fada, mar anns na timean a roimh so gu deanamh cinnteach leanmhuinneachd sluaigh thaingeil na duth'cha, a rinn a mōrachd mhodhail agus chialach a chuideachadh cho mōr. Thachair na cùisean uile a dh'aobharaich na trioblaidean a th'aig an Eaglais an trās' an taobh stigh de na deich bliadhna mu dheireadh, agus na'n trèigear iad, 'n uair a tha iad a nis air an cuir an cèill le ughdarras na Pàrlamaid, a bhi neo-fhrecagarrach ri laghan na rìgheachd, bhiodh an Eaglais an aon uair air a h-aisig a chum an suidheachadh inbhe agus feumalachd anns an do sheas i a roimhe; air do'n rathad a bhi fathast fosgailte gu sireadh atharrachadh sam bith a mheasar feumail ann an oibir-suidheachaidh na h-Eaglaise anns an dòigh sin a tha air a sheoladh ann an suidheachadh na duth'cha. Agus tha e gu nádurrach a' tighinn gu intinnean smuainteachail fhaighneachd, co dhiubh a tha atharrachaidhean a thugadh a steach bho chian ghoirid agus a bha neo-aithnichte ré fad cho liùgha ghinealaichean a chaidh romhainn, an deigh na h-uile, cho tur fheumail gu cumail suas fìor dhiadhachd ann a leithid de rìgheachd 'sa tha so, air chor as do'n casbhuidh, gu'm biodh an Eaglais neo-fhùghail air a bhi air a cumail suas. Air mo shon fein dheth, thainig mi a steach do'n Eaglais mus d'robh na h-atharrachaidhean so air an toirt a steach agus an uair nach do labhair ach teire mu'n leithid mar a bhi taitneach; agus an uair sin gheall mi mar a tha na h-uile mhinisteirean aig an òrduchadh a' deanamh, "gun oidhirp a thoirt gu brá'ch, gu dìreach no gu neo-dhìreach, gu cron no milleadh a dheanamh oirre," agus gu'n cumainn an áird aonachd 'us síth na

h-Eaglaise so 'an aghaidh mearachd agus roinu, ged air bith trioblaid no geur-leanmhuinn a dh'fhaodas éirigh; agus "nach leanainn cúrsan roinnidh sam bith bho 'n teagasg, an adhradh, an oilean, agus an riaghladh a tha an tras' air an suidheachadh leis an Eaglais so;" agus mur bi an Eaglais air a toirt gu bhi ach na bha i 'n uair sin, tha mi 'faireachduinn mo gheallaidhean órduchaidh gu solaimte 'gam cheangal bho nì sam bith a dheanamh a bhios cronail do a h-aonachd, a sìth, agus a seas'mhachd.

FEAR-TEICHIDH—Smuainich mi le cúram na h-uile a bha air a sgrìobhadh air taobh a mhór-chuid de'n Ard-sheanadh mu dheireadh; agus cha'n urrainn domh gun smuaineachadh gu'n robh Eaglais na h-Alba' air a fàgail le riaghlaidhean na'n Cùirtein Shìobhalta bho chianghoirid, ann an suidheachadh glé mhi-choslach ris na bha i riamh a roimhe. Nach robh Cléirean air an áithneadh le Cúirt an t-SESSION gu suidheachadh nam ministeirean ann an Sgìreachan an aghaidh toil choirseasach an t-shluaigh? Nach robh ministeirean air an grabadh, le ughdarras shìobhalt; bho shearmonachadh an t-Soisgeil agus bho fhrithealachadh na'n orduighean? Nach robh cùirtean na h-Eaglais air an grabadh bho fheuchainn ministeirean a bhá air an casaid airson oibheumainn gle mhór an aghaidh lagh Dhé? Agus nach robh eadhon breitheanasan an Ard Sheanaidh—a' cuir ministeirean as an dreuchd—air an atharrachadh le Cúirt an t-SESSION? Tha e gu cinnteach na nì úra bhi a' faicinn ughdarras Chùirtein Eaglais mar so air an cuir an dí-meas; agus tha mi a' faireachduinn mar gu'n do sheas Eaglais ainmeil na h-Alba' an láthair na dúthcha, air a rusgadh de na rinn i measail 'nan súilean.

MINISTEAR—Thuir mi gu'n do shruth uile thrioblaidean na h-Eaglaise gu h-iomlan bho a giúlainean féin bho chian ghoidid. Agus is furas fheuchainn gur e so a chúis maille ris na h-uile a dh'ainmich sibh an tras'. Bha sin a dh'ainmicheadh an "lagh VETO" air órduchadh bho chian nì's lugha na deich bliadhna, agus, an deigh cùisean-lagha a chleachdadh fada, bha i air a cuir an céill a bhi mi-laghail le Tigh nam Morairein, an ughdarras laghail a's áirde 'san rìgheachd so. Airson cúrsain a ghabhadh ann an co'-chumadh ris a bhreith so, bha seachdnar mhinisteirean ann an Cléir Shrathbógaidh an toiseach air am bacadh car úin, agus an deigh sin air an cuir a' oifigean na ministeireachd, gun aobhar sam bith eile a chuir 'nan aghaidh ach gu'n do shir iad dìon na'n cùirtein shìobhalta ann an gnìomhachadh a réir am breitheanasan-san. Airson diúltadh umhachd a thoirt do lagh a rinn Tigh nam Morairein a chuir an céill a bhi neo-laghail, cha 'n urrainn ministeir a bhi gu laghail air a chuir bho dhreuchd 'san dúthaich so, mur 'eil sinn ullamh gu gabhail a steach beachd a chuireadh mu dheireadh bun os ceann uile ughdarras an lagha. Rinn na cùirtean sìobhalta, a mháin airson gu'n robh na ministeirean ud air an cuir a mach airson umhachd a thoirt do reachdan na rìgheachd, a bhreith atharrachadh, mar nì a bha thar cumhachd laghail Eaglais' sam bith 'san tìr so, co dhiùbh saor no suidhichte.

Agus air an aobhar cheudna, thainig iad 'san eadraiginn gu grabadh aon sam bith bho bhuntuinn riu mar a bhi air am bacadh car uin, no air an cuir as an dreuchd. Na'n robh iad air an cuir as an dreuchd airson oilbheum sam bith anaghaidh modhalachd no diadhachd, cha tigeadh na cùirtean sìobhalt' a chaoidh 'san eadraiginn 'sa chúis, ni's fhaide na fhaighneachd, mar a rinn iad ann an cúisean eile, có dhiubh a tha no nach 'eil na cùirtean 'nan leithide 'sa tha laghan na rìgheachd so a' ceadachadh gu cuir an cleachdadh a leithid a dh'ughdarras. Na'n robh an "lagh VETO" gun a bhi air a h-órduchadh; no, na'n robh i air a treigsinn an uair a chuireadh an céill, gu'n robh i mi-laghail, gus am faigheadh i aont an Lagh-chumhachd; no, na'n robh cùirtean na h-Eaglaise air támh bho a sparradh le peanasan eaglaiseil, ann an dúlan fhollaiseach do na cùirtean lagha shìobhalt', cha chluinnear am feasd mu na h-uile chúrsain phianail a thachair 'an Strathbógaidh. Cha'n'eil mi a' dion nam ministeirean a chuireadh as an dreuchd 'an Strathbógaidh anns a chúrs a lean iad 'an aghaidh ughdarras na h-Eaglaise; —tha mi fathast a' cumail ris na beachdan a chuir mi gu follaiseach an céill air caochladh aobhaircan, anns na cùirtean Eaglaise, air a phuine so;—Cha mhó a's urra dhomh a chúrs a lean a mhor-chuid de'n Ard Sheanadh 'an aghaidh ughdarras na Stáide a dhion. Ach tha mi airson sibhse do chumail ann 'ur beachd an fhìrinn shimplidh so, gu'n robh grabadh searmonachaidh an t-soisgeil, 'us frithealaidh na'n órduighean ann an sgíreachan, mar gu'n robh na ministeirean air an cuir gu laghail as an dreuchd, ann an Clèir Strathbógaidh agus 'an áitean eile, air an aobharachadh le cumail ris an "lagh VETO," agus le sparradh gu rúnaichte a cumhaichean, an deigh dh'i a bhi air a cuir an céill, leis an ughdarras shìobhalt' as áirde, neo-fhreagarrach ri laghan na dùthcha so. Dh'éirich cuid a chùisean grabaidh air feuchainn ministeirean, agus grabaidh breitheanais chùirtein Eaglaise bho bhi air an toirt gu críoch, mu'n robh cho mór air a rádh, bho toirt a steach ministeirean QUOAD SACRA, no ministeirean Sgíreachain nach robh air an suidheachadh le ughdarras na Stáide, do chaochladh Chléirean. Fhuair Cùirt an T-SESSION a mach, 'an deigh deuchainn fhada, gu'n robh suidheachadh chléirein gu brìgheil air a mhilleadh leis an atharrachadh so; agus is coslach gu'm bi so air a dhaighneachadh le Tìgh nam Morairean. Mur b'e gu'n robh ministeirean QUOAD SACRA a' suidhe ann a' cùirtean, cha bhiodh an Eaglais idir air beantainn rithe, ann am feuchainn no toirt breith air buill no luchd-dreuchd na h-Eaglaise airson oilbheumain spioradail no modhail. Bha na luachan-calla, anns an d'fhuair Clèir Auchterardeir buailteach, air an agairt, cha b'ann airson gu'n do dhiúlt iad ministear a thairgeadh a shuidheachadh, nach d'fhuair iad a bhi gu pearsanta neo-iomchuidh airson oifig na ministrileachd, anns an sgìre do'n robh e air a thairgse, ach airson gu'n do dhiúlt iad fheuchainn idir air uidheamachaidhean. Na'n robh iad air fheuchainn agus air a dhiúltadh mar a bhi, 'nam breith-san, na mhinistear ain-diadhaidh no mearachdach, no mi-fhreagarrach airson oifig ministear ann an

Achterardeir, cha bhiodh luachan-calla a riamh air an agairt. Na'n robh an Eaglais air cuir air cùl na'n caochladh riaghailtean a bha air an deanamh le a h-ughdarras fein bho chian deich bliadhna, agus rinn na cuirtean shìobhalt, le ughdarras Parlamaid Bhreatuinn, a chuir an céill a bhì neo-aontachail ri reachdan narigh-eachd so,—cha bheanar idir ri h-ughdarras ann an dearbhadh uidheamachaidhean 'us iomchuidheachd mhinisteirean airson a caochladh sgìreachan, ann an cuir luchd-giùlan-oifig mhi-mhodhail 'us mhi-dhiadhaidh as an dreuchdan, no ann an tilgeadh buill ain-diadhaidh a mach as a comuinn. Anns na cuisean so uile mealaidh si an t-aon ughdarras spioradail 'us neo-eisimeileach, agus an t-aon saorsa bho bhuntuinn ri le ughdarras shìobhalta, a sheilbhich i mar shochair, gun dragh, a riamh bho 'n uair a thainig i a mach a teine a gheur-leanmhuinn, gus an d'èirich na co'-strìean mhi-shona so : air do'n uile bheantainn ri 'n dol-air-aghaidh, mu'n robh cho mòr de ghearan air a dheanamh, a bhì gu neo-àicheadhail, gun aobhar sam bith eile ach a mhòr-chuid de'n Aird Sheanadh a bhì a' cumail ri atharrachaidhean àraidh a rinneadh bho chian deich bliadhna, agus, sin, an dèigh do'n ughdarras a's àirde 'san rìgheachd a chuir an cèill gu'm bheil iad-sud an aghaidh suidheachaidh na dùthcha so. Ma bha an Eaglais, le cùisean a thachair bho chian ghoirid, air a taisbeanadh ann an suidheachadh nì's ìsle na a chunnaic Albainnich a riamh i a roimhe, bha so air aobh'rachadh leis an t-seasamh mhi-shona ann an dùlan do na cùirtean lagha shìobhalt', san robh i gu brais air a suidheachadh, agus sin anns nach h-urrainn neach sam bith, cia sam bith cho urramach, a bhì air a cheadachadh gun pheanas ann an dùthaich a tha air dheagh riaghladh. Na'n robh e air dhòigh eile, dh'fhaodadh cumhachd eaglaiseil a thighinn gu bhì air a suidheachadh 'san rìgheachd so, a bhiodh lan chomasach gu saltradh gun bhacadh, air na còraichean a's coisrigte a th'aig sluagh na tíre. An fheadh nach h-urrainn domh a reiteach ris na beachdan a bh'agam bho chian fhada mu mo dhleasan do'n Eaglais agus do'n dùthaich, gu sgaradh bho'n Eaglais Shuidhichte Dhùth'chail a mháin airson i' bhì a dh'easbhuidh na bhà i a dh'easbhuidh 'n uair a thainig mise gu bhì 'nam aon de a ministeirean, agus a bhòidich mi gu solaimte a cumail suas ann a glaine, tha mi deònach gu dheanamh na's urrainn dhomh gu tarraing aire na co'-fhlaitheachd agus na Lagh-chumhachd a chum na'n leasachaidhean ud ann a h-uidheamachaidhean an leth-muigh, a thá mi cho dearbhte 'sa bhà mi riamh, a tha gle chiatach, a chum a deanamh nì's eifeachdaiche, agus gu deanamh cinnteach a seasmachd ann an tímean troimh-chèile coslach ris an tìm so. Agus is cinnteach a tã mi, ma bhios sluagh na tíre so aontaichte gu'm biodh an leithide dh'atharrachaidhean a rìreadh cuideachail do mhaith an t-shluaigh, bithidh an guth air a h-èisdeachd le Parlamaid Breatuinn.

MODERATACH—Cha'n 'eil mi réidh ribh a thaobh iomadh de na tomhasain ath-leasachaidh airson an do thagair sibh, agus iad-sin a tha fhios agam a tha sibhse a' meas gle iomchuidh, air dhomh a bhì sásuichte gu'm bheil laghan na h-Eaglais', mar a ta iad an



trás, agus gu lán cheadaichte leis an Stáid, gu leoir, na'm frith-ealar iad le Cléirean naomh agus eudmhor, gu freagairt uile chriochan Eaglais fhaicsinneich. Ach ged nach 'eil mi dheth 'ur barail-sá air na puincean so, tha mi cinnteach gu'n ceadach sibh gu toileach gu'm bheil mi a' cumail na'm beachdain so cho coinneasach, agus le iarrtas cho treibhdhireach airson glóir Dhè agus tearnadh mo cho'-pheacaich neo-bhasmhor, 'sa tha fhios agam gu'm bheil sibhse a' cumail a chaocladh bheachdan, air na puincean ud, a tha, an deigh na h-uile, a mhain na'n cuisean a bhuineas do carrainnean an leth-muigh do ordugh Eaglais.

MINISTEAR—Air cho seasmhach 'sa tha mise 'cumail mo bheachdan fein air na puincean so, tha mi gu saor ag aideachadh gu'n d'ráinig daoine a tha cheart cho coinneasach 'sa tha mise air chaocladh cho'-dhunaidhean. Eadar daoine diadhaidh agus daoine mi-dhiadhaidh, ged 'san leth-muigh a bhuineas iad do'n aon pháirtidh, tha'n diubhras cho farsuing 'sa tha cadar solus agus dorchadas; ach eadar daoine diadhaidh a tha 'cumail barailcean a tha 'n aghaidh a cheile, a thaobh an doigh a's fearr airson cuir-air-adhart rìgheachd Chrìosd, tha'n diubhras na leithid 's nach bu chòir d'i am feasd seirbhisich an aon Mhaighstir beannaichte a dhealachadh. 'Nuair a ni daoine 'n áird an inntinnean gu di-chuimhneachadh peacaidheachd a leithid a dhol-air-aghaidh, is furasda ainmean cruaidh a thoirt do'n leithide 'sa tha diubhraigeadh uatha ann an cuisean riaghlaidh Eaglaise, agus a thoirt air sluagh aineolach a chreidsinn, gu'm bheil an leithide sin uile na'n naimhdean do ionracas. Ach iadsan a tha air an treórachadh gu cuir an cleachdadh, agus gu bhi measail air a cho'-stri so, dheanadh iad gu maith a smuaineachadh, ma tha aig buill Eaglais' na h-Alba' còir air labhairt 'san doigh so umpa-san a tha na'm buill de'n aon Eaglais riu-fein, agus sin a mhain airson gu'm bheil iad a' diubhraigeadh ann am mìneachadh an aon aideachadh, agus an aon riaghailtean, ris am bheil iad uile 'g aideachadh a bhi a' leantainn, cha bhiodh ann a leithid de nì a's aonachd 'am measg na'n Eaglaisean PHROTESTANTACH, a' diubhraigeadh 'san leth-muigh, mar a ta iad, moran nì's farsuing bho aon each a cheile; ach inrìdh an t-iomlain a bhi air am faicinn, ann an ùin ath-ghearr, air am fillcadh ann an tur mhi-riaghailt, far an robh brisidhean-steach naimhdean chumant' an uile dhiadhachd air an toirt fainear, 'am meadhon na'm mallachaidhean fiadhaich agus searbh a thairneanaich iad 'an aghaidh each a cheile. Tha na diubhrasan a tha cadar Eaglais na h-Alba', agus na caochladh roinnean de Chrìosduidhean a tha a' mi-chordadh ri a co'-chomuin, moran nì's mó na na diubhrasan ud a tha a' roinn a buill fein bho aon each a cheile. Agus an uair a bheirear gu ceart fainear e, tha cho mór ri dhearbhadh, air gach taobh, 'sa threóricheadh daoine smuainteachail, an fheadh a chumas iad am barailcean fein gu seasmhach, gu sìneadh an cead a's lán do bharailean mhuinntir eile. Chathaich a phairtidh MODERATACH, gu'm bheil an lagh, mar a tha i an tràs' air a cleachdadh, gu leoir gu deanamh ministrealachd chomasach cinnteach do sgrì-

eachan Alba', cho fada 's a's urrainn laghan dhuine a dhcanamh. Dh'fhaodadh nach bi iomadh togaireach gu so a dheaspoireachd, cia air bith cho dèigheil 'sa tha iad gu faicinn a chaochladh shuidheachadh air a thoirt a steach, na'n deanadh na Cùirtean Eaglais' a ríeadh an dleasanas. Fo'n lagh a ta nis ann, nach 'eil ann an seadh sam bith air a briscadh leis na cùirtean shiobhalta, cha'n urrar cead searmonachaidh a thoirt do fhear sam bith, mur eil an Eaglais làn thoilichte le 'uidheamachaidhean airson na ministreileachd naomh. Agus cha'n urrainn fear sam bith a bhi air a shuidheachadh na mhinistear sgìre, ma chuireas an Eaglais an cèill gu'm bheil e gu pearsona neo-fhreagarrach airson coillionadh dleasanais a leithid sin a dhreuchd; agus tha na buaidhean air an bheil còir aig na cùirtean Eaglais air a bhi toilichte, air an aitheachadh le lagh shoilleir na righeachd so, mar a bhi an leigheas sa bhuineas do 'theagasg, a chliu, agus fhoghlum. Ma 'se, a deigh fheuchainn, gu'm faighear leo e neo-fhallain no saobh-chreideamhach ann an teagasg, no mi-mhodhail, saoghaltach, no mi-dhiadhaidh 'na chliú, no neo-iomchuidh gu teagasg pobull an áite fhalaimh, airson fìor uireasbhuidh sam bith, faodaidh a chléir diúltadh a shuidheachadh, agus cha bhean aon sam bith riu airson sin, mur bean na cùirtean Eaglais a's áirde riu. 'Se 'n talach a's truime a tha an aghaidh a leithid so de riagbailt, nach 'eil e 'g ullachadh leigheas 'n uair a tha na cùirtean Eaglais mi-chreideasach do'n earbsa; ach, ann a leithid sin do chùis, a' fàgail sgìreachan fosgailte do chuir-'steach gun chuireadh ministerean neo-fhreagarrach airson an dreuchd. Ach gu cinnteach 'se'n doigh a thairg Co'-chruinneachadh an luchd-teichidh gu so a leigheas, aon de na doighean a's mi-fhreagarraiche a's urra bhith —gun e a bhi ni's mò no ni's lugha na gu'm bi na cùirtean Eaglaise air an cuir an seilbh air cumhachd mu nach do bhruadairich iad a riamh gus a nis, bho 'n uair a bhà an riaghladh PHRESBITERIANACH air a shuidheachadh aig ám an Atharrachaidh: cumhachd gu deanamh ann an cùisean spioradail an ni a thoilicheas iad fein, cia air bith cho mòr 'sa bhios sin an aghaidh reachdain na righeachd. Bhiodh so eadhon dearbh ole an t-seann riaghlaidh MODERATAICH, ann an cumadh mòran ni's miosa; agus faodaidh e bhi, an deigh na h-uile, gur e sin an reuson airson an bheil e cho dian air a chumail suas le cuid, nach robh a riamh aithnichte mar luchd-tagair air leth eudmhor airson còraichean an t-sluaigh. Na'n robh a bheachd so gu lán air a h-aitheachadh, bhiodh na cùirtean Eaglaise comasach gu saltradh còraichean an t-sluaigh fo an casain, a cheart cho éifeachdach 'sa chuir iad a riamh 'an aghaidh còraichean nam PATROINEAN: agus cha b' urra laghan na righeachd dìon sam bith a thoirt dhoibh. Cha'n urrar gu ro dhomhain a chuimhneachadh, 'am meadhon na'n iomadh chunntaisean docharach a tha 'nis a muigh air gach taobh, nach b'e 'n àrd aobhar airson an robh cho liugha de mhinistirean neo-fheumail air an suidheachadh ann an Sgìr-eachan, nach robh air a cheadachadh do'n phobull an diúltadh

gun reuson fhreagarrach a thoirt, ach nach robh iadsan a thug breith air na reusoinean ud cùramach gu leòir mu chòraichean na fìor dhiadhachd ann an coillionadh na dleasanais sholaimte so.

FEAR-TEICHIIDH—Ach nach 'eil e cinnteach, mur sgar iad-san aig am bheil deadh rùn do chòraichean an t-shluaigh, bho 'n Eaglais Dhùth'chail gu'm faici gu h-ath-ghearrinnleachd-riaghlaidh nam **MODERATAICH** air a h-aisig, maille ris an uile mharbhalachd bu chliù dh'i bho chian ceud bliadhna? Agus an uair a dh'fhàgas dlù air na h-uile mhinisteirean dileas an Eaglais, mar a thuirt iad a nì iad, cò a dh'fhanas ann a comuinn, 'nuair nach bi i dad nì's fear na tòrr marbh? Nach b'fhearr a bhi far am bheil a mhòrchuid de na phobull a's diadhaidh? 'Siad so, tha fhios agam, na reusoinean a chuir impidh air an àireamh a's mò dhiubh-san a tha mu'n cuairt do'n Eaglais Shuidhichte fhàgail. Ach fathast, ma 'se 's nach dean am ministear fo theagasg am bheil mi a' suidhe, an Eaglais fhàgail, imridh mi aideachadh nach faigh mi e air chor sam bith soilleir gu'm bu chòir dhomh ministrealachd fo'n d'fhuair mi cho mòr de mhaith fhàgail, agus sin a dhol gun fhios agam e'aite. Na'm faighinn sin leis an d'fhuair m'anam a rìreadh maith, a chum cuideachadh, ciod air bith cho beag, gu cuir air adhart na'n cùisean a tha mi 'cluinninn gu h-eudmhor air an earalachadh mu'n cuairt, tha mi a'faireachduinn mar gu'm bithinn a' dol gu cuir air adhart aobhar pàirtidh air cosd mo bhuanachdain shiorruidh fein. Tha na chuala mi a nis, a' cuir àrd phuine na co'-strì so ann an solus a tha glé mhi-choslach ris sin anns an robh mi gus a so air mo threòrachdadh gu a bheachdachadh.

MINISTEAR—'Nuair a labhras daoine mu'n eagal bho uachdranachd na'm **MODERATAICH**, mur 'eil iad a ciallachadh leis so ach gu'm bheil eagal orra gu'n téid an cumhachd a tha iad an trás' a' mealtuinn a seachad air falbh bho'm pàirtidh fein, is cùram e so a dheanadh iad gu maith fhuadach bho 'n inntinnean cho luath 'sa 's urra dhoibh. Tha ainmean luchd-aimhreit gu minig a' mairsinn mar a tha iad, an fheadh 'sa ta an cuspairean gu tur air an caochladh. 'S iad firinnean a mhláin a tha 'mairsinn gun chaochladh. Bha gleachd airson buaidh do pháirtidhean a cheart cho cronail do dhiadhachd bheothail 'san Eaglais, 'sa bha 'n aobhar cheudna do fhior shoirbheachadh na Staide. Ach ma 'se an nì bho 'm bheil eagal orra gu'm buadhaich ain-diadhachd, fo ainm **MODERATAICH**, tha aig cuirtean na h-Eaglaise, an deigh na h-uile a thachair, meadhonan cho eifeachdach 'sa 's urrainn daoine a sheillbheachadh airson so a bhacadh, ma nì iad an cleachdadh gu ciallach agus gu seasmhach. Ma thagaireas duine sam bith gur iad eaglaisean neo-cheangailte ris an Staid aig am bheil cumhachd nì's àirde airson dìon glaine teagaisg no oilein, sealladh e, airson làn thosd a chuir air a leithid sin de bharrail, ri cor na'n eaglaisean **PHRESEBITERIANAICH** ann an Sasuinn, gus bho chian glé ghoirid: far an d'fhàs, ré ùin fhada, iarmad na'n dearbh dhaoine a bha, le riaghladh mearachdach, air an tilgeadh a mach bho'n Eaglais Shuidhichte airson mi-chòrdadh, cho mòr air an taoisneadh le So-

CINIANACHD, a's gu'n robh PRESBITERIANACH gu cumanta air a thuigsinn ann an Sasuinn gu ciallachadh aon a thoibheumaich Diadhachd Chrìosd. Ged dh'fhàgadh na h-uile mhinisteirean soisgeulach ann an Alba an Eaglais Dhùth'chail fo bheachd cuir teagasgan glan an t-soisgeil nìs eifeachdaiche a dh'ionnsuidh na'n ginealaichean a thig 'nan déighe, gheibheadh faireachduinn shluaigh na dùthcha so a mach gu h-ath-ghearr, gu'm bheil aig Eaglais ā tha air a cumail suas le co'-chuideachaidhean thoileil a mhàin, meadhonan nìs teirce gu dìon no gu leudachadh aidmheil a chreidimh Chrìosduidh na a tha aig an Eaglais sin a thréig iad cho ro bhras. Cha'n 'eil e fìor, gidheadh, gu'n do rùnaich a mhòr-chuid de mhinisteirean d'ileas na h-Alba' an Eaglais Shuidhichte 'threigsinn, ged a dh'fhaodas gur e so a chùis ann an cuid a dh' earrainnean de'n dùthaich. Agus, na'n robh e mar sin, faodaidh eachdraidh mu bhàs Iosiah maith, a bli na rabhaidh do na h-uile a leanas eadhon daoine maith, nìs fhaide na 'tha an ceuman air an seòladh le facal Dhé. Chaidh an Rìgh coisrigte so aig Iudah gu brais 'us gu neo-fheumail a choinneachadh Necho, rìgh na h-Eiphit, ann an cogadh, air chor's gu'n d'aobharaich e 'bhàs fein agus bās iomadh a lean e, agus gu'n d'thug e iomadh truaighean air a dhùthaich. Do dhuine dheth na bhreithneachadh a's lugha, imridh e taisbeanadh na thairgse neo-chumant', an Eaglais fhàgail airson cuid a dh'aobhairean cràidh; agus so uile 'chum ceangal ri Eaglais nuadh, aig nach 'eil aon air bith de a riaghailtean fathast air a dheilbh, agus anns am faod, airson nì 'sam bith a's fios do neach, aobhairean cràidh mòran nìs cuideamaich a bhì. A bhì os ceann uachdranachd na lagha, cha'n urrainn Eaglais sam bith, 'san dùthaich so a bhì. Ma chumas Eaglais seilbh de sheòrs' sam bith co dhiùbh a bhios e ann an togalaichean no 'an tiodhlaicean, air cho beag a luach, éignichidh an lagh iad gu co'lhionadh na'n cumhaichean fo 'n cum siad iad. Agus ma sheilbhichear iad gun a bhì fo chumhaichean; a reisd an dearbh bhliadhna an deigh do'n seilbheadairean a bhì marbh, faodaidh iad a bhì air am fiaradh gu cúisean shaobh-chreidimh no as-chreidimh. Cha'n urra dhomb impidh a chuir orm fein gu fàgail Eaglais na h-Alba: no gu deanamh nì sam bith gu lagachadh gràdh an t-sluaigh dh'i, air a h-uisgeachadh, mar a bhá i, le fuil ar n-athraichean, a dh'aindheoin na'n uile mhaslaidhean a shireadh gu'n tilgeadh oirre; agus ann an so, cha'n 'eil mì ach aig imeachd ann an ceuman na'n soluis bu mhò a mheal an Eaglais so a riamh. Bha 'n sgaradh, a thachair bho chian nìs mò na ceud bliadhna, air aobhrachadh le argumaidean coslach ris na tha an trás' air an sparradh, cha b'ann gu ceangal ri eaglaisean a bha a cheana dealaichte, ach gu toirt a mach dealachadh ùr, mar nach d'robh na h-Eaglaisean PHROTESTANTACH air an cuir gu leoir troimh chéile mar tha. Ged bha e air a thoirt mu'n cuairt le an leithide dhaoine, agus bho aobhairean coinseasach, cha robh aig a chuid mhòr de mhinisteiraan dileas na h-Alba' meas air a chùrs a leanadh ann an cumadh an Sgaradh. Agus, gun chiallachadh neo-spéis sam bith do na beò, c'āite am faigh sibh aig an ām so daoine coslach ri

iomadh de na mairbh ainmeil urramach, a chum bho chian ceud bliadhna, ri Eaglaise an athraichean? Dh'fhaodainn a luaidh, Dr. Iain Erscine, Mr. Uillison, Mr. Porteus, Mr. Seumas Calder, Mr. Mureha Mac-Choinnich, agus iomadh eile; agus, ann an tìmean bho chian ghoirid, Dr. Aindrea Tomson, Sir Eanruig Moneriff, Mr. Tearlach Calder, Dr. Friseil, Mr. Lachlann Mac-Choinnich, agus ceudan eile, muinntir 'gam bheil an cumhneachan gu h-ùrail air chuimhne 'nan dùthaich. ANNS NA SEAPAILEAN EASE, mus d' robh iad air an cuir ann an suidheachadh eaglaisean sgìre QUOAD SACRA, a dh'aobhairich cho mòr de cho'-strì, shaòthraich, air leth feumail, Dr. Love, Dr. Bàine, Dr. Gordon, Mr. Grea, Dr. Iones, agus iomadh eile, a sheilbhich ainm a 's àirde ann an Eaglais Chrìosd na sheilbhich aon air bith de na thainig 'nan deighe, lé uile bhuanachd na'n uile uidheamachaidhean ùr, a smuainich cuid, a mheudaicheadh am feumalachd. Leis ná daoine so, chòrd mi gu mairsinn ann an Eaglais anns an robh mòran a dh'iarr mi a bli air an gluasad, agus tha mi dhe'n inn-tinn cheudna fathast. Na tha mi a' meas mar ath-leasachaidhean feumail ann a h-uidheamachaidhean an leth-muigh, mairidh mi ri seòladh airo mo luchd-duthcha h-uca, ann an dòchas, gu'n tig, ann an àm dlìgheach, an Lagh-chumhachd 'san eadraiginn gu'n deònachadh. Agus, sin a's urrainn Dia a mhàin a dheanamh, eadhon, an fhìor dhiadhachd a dhion, ni a dh'fhaodas seargadh fo na h-uidheamachaidhean a's iomlaine an leth-muigh, ni mi mo dhìchioll gu sparradh orm-féin agus feodhainn eile, gu sireadh, le ath-chuinich aig a chaithir, agus le imeachd iriosal maille ris. Agus iadsan a dh'fhaodas a bhì air an earlachadh gu tréigeadh ministreileachd nam muinntir, a tha 'g imeachd mar so, dheanadh iad gu maith an aire a thoirt do na chunntas a bheir sinn uile Dha-san, a tha, gun spéis do na h-inbhean siubhlach, neo-sheasmhach, a tha air an aobhrachadh le boil' no claon-bhreith, no aineolas dhaoine, ag aideachadh a mhàin dà roinn 'am measg uile theaghlachd na talmhainn—iadsan a ta ann an Crìosd, agus a tha 'g imeachd ann an gaol, agus iadsan nach 'eil ann an Crìosd, agus aig nach 'eil a Spiorad. 'Am measg nan iomadh uile a rinn deispoireachd mhi-stuaim mu chùisean an leth-muigh de'n diadhachd a thoirt a mach, is teire a tha nì's uamhasaiche na iad sin a dh'éirich bho'n tarchuis fharsuing a sgaoileadh mar so mu nithe brìgheil na beò-dhiadhachd. Is iomadh a dh'fhaodas leir-sgrìos shiorruidh an anainnean a chuir as leth so, nach h-urraim am feasd a bhì air an tearnadh, an fhcadh 'sa bhios iad a dh'casbhuidh a chreidimh sin a tha "g oibreachadh le gradh." Agus rinn an taisbeanadh cagallach a rinn an t-aobhar cheudna gu minig, air braise shearbh, neo-naomhaichte, agus chorruicheil a chridhe náduirich, fo ainm naomh Chrìosdachd, nì's mó gu cruaidheachadh iomadh dhaoine neo-smuainteachail ann an cuir cùl ri Dia, na rinn uile oidhirpean naimhdean fhollaiseach an t-soisgeil. An fhcadh 'sa ta mi a' sealltuinn le uamhas ris an sgaradh bho Eaglais na h-Alba' a tha tighinn dlú, mar ole fhollaiseach leis nach h-urraim domh co'-aontachadh, ged

a tha e air a thagair le daoine maith, agus anns nach ceadaich mo mhothachadh mu dhleasan do mo dhùthaich agus do mo Dhia dhomh a bhi a' cuideachadh, cha'n ann airson an lionmhorachd a dh'fhaodas aonadh ann—lionmhorachd a bhios an deigh sin moran ni's lugha na tha iomadh an dùil—cha mho a 's ann airson call' maireanach sam bith a dh'fhaodas mar so a bhi air a leagadh air dìdean na h-Eaglais' shuidhichte. Ach 'sann a tha m'eagallan gu h-àraidh a thaobh an cron a dh'fhaodas a bhi air aobh'rachadh do mhaith chumant' na diadhachd, leis na faireachduinean shearbh a dh'fhaodas mar so a bhi gu farsuing air an gin, 'am measg seirbhisich an aon Mhaighstir, agus a dh'fhaodas gu glé' mhór an oidhirpean 'an aghaidh meallaidhean 'us ain-diadhachd an t-saoghail, a lughdachadh, le tionnda' an airm an aghaidh each a cheile. Mur bitheadh a chùis mar so, 'sann a chuidicheadh an tomhas meudaichte de dhealachadh Chriosdail gu fìor leudachadh Eaglais Chriosd, agus dh'fhaodadh e buaidh oirdhearc a bhi aige orra-san an leth-stigh de'n Eaglais Shuidhichte, le toirt a mach tuilleadh caithriseachd ann an deanamh maith; an fheadh 'sa dheanadh teagasgan 'us laghan shuidhichte na h-Eaglais' Shuidhichte, fillte mar a ta iad ann an suidheachadh na righeachd, drùdhadh cumhachdach ann an cumail suas aon-chumadh teagaisg 'am measg an fheodhain a tharruing air an ais uaithe. Anns an t-seadh so, tha mi gu lán 'a creidsinn gu'n robh, agus gu'm bheil an trás', iarmad dhiadhaidh na'n ceud-Luchd-sgaraidh, a' cuideachadh gu mór gu cuir air adhairt diadhachd na tìre; gu h-àraidh bho 'nuair a chaidh a mhi-sheirc agus a mhi-chòrdadh a chomharraich gach taobh de na cho'-stri sin, gu mór as an t-sealladh. Ach tha mi air mo ghairm air falbh. Airson an àm so, slàn leibh!

MEARACHDAN A CHLODH-BHUALAIDH.

Taobh-duilleag	1	sreath	4	airson	ANNS	leugh	ANN.
.....	3	14	airson	MAIGSTEAR	leugh	MAIGHSTEAR.
.....	3	3	airson	MODERTACH	leugh	MODERATACH.





